



FEAMAINN

GNÌOMH 5

FEAMAINN AIR A' CHLADACH

Thèid sìos dhan chladach ri tràghadh na mara agus coimhead air an fheamainn. Cuimhnich gur ann air cladaichean creagach a bhios feamainn a' fàs mar as trice. Chan fhaigh thu lorg air feadhainn de na gnèithean ach air tràigh mhòir, no ma bhios iad air an tilgeil air an tràigh leis na tuinn.

Ma tha fòn-làimh no camara agad, tog dealbh de gach seòrsa a chì thu. An uairsin cleachd na dealbhan seo shìos gus an clàr seo a lìonadh a-steach:

| Seòrsa | Dath* | Meud** | Beò/Marbh*** | Càite?***** |
|-----------------------|-------|--------|--------------|-------------|
| A' ghlasag | | | | |
| An lìonanach | | | | |
| An cairgean | | | | |
| An duileasg | | | | |
| An slòcan | | | | |
| An t-aona-chasach | | | | |
| An fheamainn-bhalgann | | | | |
| An fheamainn-chìrein | | | | |
| An gropach | | | | |
| Am mircean | | | | |
| An smeartan | | | | |
| An stamh | | | | |

* **Uaine, dearg** no **ruadh** (/donn)






****Beag** (shuas ri 10 cm), **meadhanach** (shuas ri 50 cm) no **mòr** (nas motha na 50 cm)








** Ma tha an fheamainn a' fàs air a' chreig, tha i **beò**; ma tha i air a tilgeil air an tràigh leis na tuinn, tha i **marbh**

** **Bàrr** a' chladaich; **meadhan** a' chladaich; **bonn** a' chladaich (na lìon seo a-steach ach ma tha an fheamainn beò)

Ma chì thu feamainn nach eil coltach ri gin de na dealbhan seo shìos, tog dealbh agus coimhead air an làrach-lìn <http://www.marlin.ac.uk/species.php> feuch am b' urrainn dhut a h-aithneachadh.

Dealbhan

| | |
|--------------|---|
| A' ghlasag |  |
| An lìonanach |  |
| An cairgean |  |
| An duileasg |  |
| An slòcan |  |

| | |
|------------------------|---|
| An t-aona-chasach |  |
| An fheamainn-bhalgainn |  |
| An fheamainn-chìrein |  |
| An gropach |  |
| Am mircean |  |
| An smeartan |  |
| An stamh |  |